




Ceiteag agus fuamhaire a' choimpiutair



Miriam Moss • Peet Ellison

Ceiteag agus fuamhaire a' choimpiutair




An teacs a Miriam Moss
Na dealbhan Peet Ellison
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Latha bha siud bha Ceiteag anns
a' chlasrum ag obair air a' choimpiutar.
Bha i a' dèanamh an-àirde stòraidh mu
fhuamhaire acrach. Bhuail an t-acras
Ceiteag fhèin cuideachd. “B’ fheàrr leam
gun robh àm dìnnear ann,” thuirt i.






An sin chaidh an sgrion dearg, gorm,
an uair sin uaine, agus nochd
aodann beag.

“Halò, a Cheiteag,” thuirt e. “Is mise Blip.
Ma tha an t-acras ort tha biadh gu leòr
an seo. Dùin do shùilean agus tugainn
còmhla riumsa.”

Dhùin Ceiteag a sùilean.



“Càite fon ghrèin a bheil mi?” arsa Ceiteag nuair a dh’fhosgail i a sùilean.

“Tha thu am broinn a’ choimpiutair,” fhreagair Blip.

Bha Ceiteag a’ faicinn mòran fhaclan.

“Seall, siud stòraidh a rinn mi mun fhuamhaire acrach!” thuirt i.

An dèidh sin thuirt Blip, “Ma tha an t-acrach ort feumaidh sinn coimhead air a’ chlàr.”

Phut e am putan, *Biadh*.



Sa mhionaid bha doras fosgailte an sin agus chaidh Ceiteag agus Blip a-steach. Bha iad ann an rum mòr.

"Tha mi an dòchas nach tig am fuamhaire acrach agadsa," arsa Blip.




San rum mhòr sin bha bòrd fada
le biadh de gach seòrsa.


Bha slaman-milis, cèicean, criospan
agus bobhlaichean mòra uachdar-
reòthte ann.

“Nach sgoinneil sin!” arsa Ceiteag.


Crais! Brag! Chuala iad fuaim eagalach agus dh'èigh cuideigin, “Cò tha ag ithe mo bhiadh-sa?”

“O, mo chreach-sa!” arsa Blip. “Nach seall thu am fuamhaire acrach agad! Feumaidh sinn falach fon bhòrd no ithidh e sinn.”





Thàinig cròg mhòr a-steach fon bhòrd.




“Sin sibh! Tha sibh agam!” ars am
fuamhaire, agus shad e Ceiteag agus
Blip a-steach do tholl mòr dorch.
Sìos, sìos, sìos, thuit iad.



“O, nach eil seo grod,” dh’èigh Ceiteag.


“Tha sinn ann am poit-bìdh
an fhuamhaire. Ciamar idir a gheibh
sinn a-mach às a seo?”

“Feumaidh sinn sreap suas air na
curranan àrda ud,” arsa Blip.



Shreap Ceiteag agus Blip air ais, suas gu beul na poite. Dìreach an uair sin bha BRAG agus CRAIS eagalach ann. “Greas ort!” dh’èigh Ceiteag. “S e am fuamhaire a tha ann. Glacaidh e sinn.” “Slaighdidh sinn sìos làmh na poite,” thuirt Blip. “Lean mise.”

Shlaighd Ceiteag
agus Blip sìos làmh
na poite cho luath
's a b' urrainn dhaibh.




“Greas ort,” arsa Ceiteag.

“Greas ort mus glac am fuamhaire sinn.”

“Feumaidh sinn ruith thairis air
a' mheur-chlàr,” arsa Blip.

Siud Ceiteag agus Blip a' teicheadh
agus a' bocadaich o phutan gu putan.





An uair sin cha robh sgeul air an fhuamhaire.

“Càit an deach e?” dh’fhaighnich Ceiteag.

“S dòcha gun do sheas e air putan *Dubh-às*,”
arsa Blip.

“Feumaidh gun do dhubh e e fhèin às.”



Chomhead Ceiteag sìos air a' mheur-chlàr.

“Nis, ma leumas sinn air putan *Till*,
's dòcha gu faigh sinn air tilleadh air ais
gu far an do thòisich sinn,” thuirt i.

Agus leum Ceiteag agus Blip air putan *Till*.

FLAIS!

Bha iad air ais aig stòraidh Ceiteag.

“Uipì,” arsa Ceiteag.

“Fhuair sin air falbh on fhuamhaire.

Ach a-nis tha mi gu tolladh leis an acras.”

Am Fuamhaire Acrach






Sa mhionaid sin thionndaidh a h-uile
rud dearg, gorm agus an uair sin uaine.
Ann am mionaid bha Ceiteag air ais
sa chlasrum agus i a' cluinntinn
clag àm dìinneir.

Thàinig tidsear Ceiteag, a' Bh.ph.

Mhoireastan, a-nall chun a' choimpiutair.



“Cò mu dheidhinn a bha do stòraidh,
a Cheiteag?” dh’fhaighnich an tidsear.

“Bha i mu fhuamhaire acrach a bha a’ dol
gam ithe,” thuirt Ceiteag. “Ach theich mi
air!”

Ach an uair sin, nuair a bha Ceiteag
a’ dol a chur dheth a’ choimpiutair,
bha BRAG agus CRAIS eile ann ...

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Miriam Moss 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Miriam Moss a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a' comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 648 1